

| | |
|---|---|
| Job Description – Gaelic Heritage Officer | Tuairisgeul Obrach – Oifigear Dualchas Gàidhlig |
| Place of Work: The Rockfield Centre, Oban | Àite-Obrach: Ionad Achadh na Creige, An t-Òban |
| Reporting to: The Board of Trustees of Oban Communities Trust (OCT) | An urra ri: Bòrd nan Urrasairean aig Oban Communities Trust (OCT) |
| Hours: 25 hours per week | Uairean: 25 uairean san t-seachdain |
| Rate: £14 an hour | Tuarastal: £14 san uair |
| Opportunity: Oban Communities Trust are a community benefit society who operate the Rockfield Centre, a cultural community hub in the heart of Oban. This community owned and run charity is actively engaged in promoting community engagement and participation. | Cothrom: Tha Ionad Achadh na Creige na ionad cultarach coimhearsnachd aig cridhe an Òbainm agus a tha ga ruith le Oban Communities Trust, a tha na cho-chomann maith coimhearsnachd. Tha an carthannas seo, a tha ann an làmhnan agus fo stiùir na coimhearsnachd, dlùth an-sàs le bhith a’ brosnachadh com-pàirteachd coimhearsnachd. |
| We are seeking a new team member to champion Gaelic in our Centre and lead on a new project which will promote Gaelic through delivery of our ‘Cultural Heritage Unveiled Project’ which will focus on the works of Alistair (Sandy) Cameron – North Argyll collection gifted to our archive collection to inspire new cultural activity. | Tha sinn a’ sireadh ball-sgioba ùr a bhrosnaicheas a’ Ghàidhlig san ionad, agus a bhios aig stiùir pròiseact ùr gus obair chultarach ùr a bhrosnachadh tro phròiseact ‘Cultural Heritage Unveiled’ a bhios a’ sgrùdadh cruinneachadh a thugadh don stòras againn mar thiodhlaic, is e sin obair beatha Alistair (Sandy) Cameron – North Argyll. |
| Overarching outcomes of the project | Àrd-amasan a’ Phròiseict |

| | |
|---|---|
| <p>Unboxing Sandy's Story - Scoping and building new opportunities to engage community participants to inspire cultural creative arts pilot activity to begin interaction with our Gaelic language and traditions through the use of our collections.</p> | <p>A' fuasgladh Sgeulachd Sandy – A bhith a' togail cothroman ùra gus com-pàirtichean choimhearsnachd thoirt an-sàs le bhith a' brosnachadh ealain cruthachail agus ùr a thoirt gu bith, mar phàirt de dh'iomairt tràth a bhith a' leasachadh dol an-sàs le traidiseanan agus cànan na Gàidhlig tro na cruinneachaidhean againn fhèin.</p> |
| <p>Dualchas – support community connections to the “ place and the past” building on year 1 activity; build new collaborations to widen opportunities to build confidence in the use of Gaelic by fluent and learners; celebrate our oral traditions and gather new stories – people, place and ancestral connections across generations.</p> | <p>Dualchas – a bhith a' taiceachadh ceanglaichean coimhearsnachd le “place and the past”, a' togail air obair a' chiad bhliadhna; a bhith a' togail air cothroman co-obrachaidh gus farsaingeachd a bharrachd de chothroman àrach gus Gàidhlig a chleachdadh, an dà chuid le daoine a tha fileanta agus luchd-ionnsachaidh; a bhith a' comharrachadh luach nan traidiseanan beul-aithriseach agus a bhith a' trusadh sgeulachdan ùra – daoine, sgìrean agus sinnsireachd thar nan ginealaichean.</p> |
| <p>Successful candidates will have:</p> <ul style="list-style-type: none"> - Fluency in Gaelic – both spoken and written , is essential - A good understanding of cultural heritage - Experience in working with communities to build engagement from across diverse range of stakeholders - Use of MS Office, particularly Word and Excel - Project management, delivery and budgeting experience - Interest in history, research and cultural traditions - Excellent communication skills - Ability to work as part of a small team - Time management skills - Ability to self-motivate, and work independently - Attention to detail | <p>Bu choir gum bi na feartan a leanas aig luchd-tagraidh soirbheachail:</p> <ul style="list-style-type: none"> - Gàidhlig sgrìobhte agus labhairteach a bhith agad - Tuigse mhath air dualchas cultarach - Eòlas cheana air obrachadh le coimhearsnachdan gus dol-an-sàs a bhrosnachadh am measg taghadh farsaing de luchd-ùidh - Comasach air MS Office, gu sònraichte Word agus Excel - Eòlas cheana air stiùireadh is libhrigeadh phròiseactan agus buidseatan - Ùidh ann an eachdraidh, rannsachadh agus traidiseanan cultarach - Sàr-sgilean conaltraidh - Comasach air obrachadh mar phàirt de sgioba bheag - Sgilean riaghladh-ùine - Fèin-eagraichte agus neo-eisimeileach - A bhith le sùil mhionaideach |

| | |
|---|---|
| <p>- A' Ghàidhlig: Beò is Breabadh – to demonstrate growth in confidence and use of Gaelic with participants showcasing and presenting Gaelic led cultural activities e.g Storytelling, Talks, Conversation circles; at key annual events- Gaelic week, Oban WinterFestival; Book week Scotland and day to day Centre activity.</p> | <p>A' Ghàidhlig Beò is Breabadh – gus fàs ann am misneachd agus cleachdadh na Gàidhlig a thaisbeanadh, le com-pàirtichean a' taisbeanadh agus a' libhrigeadh tachartasan cultarach Gàidhlig, leithid seiseanan sgeòil, òraidean, cearcaill còmhraidh; aig prìomh thachartasan bliadhnail – Seachdain na Gàidhlig, Oban Winter Festival, Book Week Scotland agus obair làitheil an ionaid.</p> |
| <p>The position will be part time and can include some hybrid and flexible working to suit delivery of the project outcomes. This fixed term (32 month) project has been funded by Bòrd na Gàidhlig.</p> | <p>'S ann pàirt-ùine a bhios an dreuchd seo, agus dh'fhaodadh cuid dheth seo a bhith sùbailte agus measgaichte a thaobh ùine gus freagairt air amasan libhrigidh a' phròiseict. Tha am pròiseact stèidhte (32 mìos) seo ga mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig.</p> |

Role: The role will entail, but is not restricted to:

- Project manage, co-ordinate and delivery of a 'Cultural Heritage Unveiled' project which engages, promotes and builds confidence to inspire the use of Gaelic language through cultural/ creative activity delivered.
- Support our heritage volunteers to achieve their aim to open access to our collections with focus on Alistair (Sandy) Cameron – North Argyll personal papers and books.
- Work directly with our local community to break down barriers and perceptions with the use of Gaelic in everyday life.
- Ability to support delivery of creative activity which is engaging, relevant and accessible for all
- Establish new collaborations/ partnerships which increases awareness and use of Gaelic language in our delivery of events/ activities
- Monitor and review activity to support evaluation and meet the needs for funding report requirements
- Work with other staff team members in provision of fundraising events to support project activity longer term sustainability

Dreuchd: An lùib na dreuchd seo, bidh na leanas, agus gnothaichean eile, an sàs:

- A bhith a' stiùireadh, co-òrdanachadh agus a' libhrigeadh pròiseact 'Cultural Heritage Unveiled', a bheireas daoine an-sàs le bhith a' cleachdadh na Gàidhlig gu misneachail tro ghnòthaichean chultarach agus cruthachail.
- A bhith a' taiceachadh ar saor-thoilich dualchais gus an amas air saor-ruigsinneachd nan cruinneachaidhean a choilionadh, le cuideam air pàipearan agus leabhraichean pearsanta Alistair (Sandy) Cameron – North Argyll.
- A bhith ag obrachadh gu dlùth leis a' choimhearsnachd ionadail gus crìochan agus beachdan mu inbhe Ghàidhlig ann am beatha làitheil a leigeil.
- A bhith a' taiceachadh thachartasan chultarach a tha inntinneach, bunaiteach agus ruigsinneach do dhuine sam bith
- A bhith a' leasachadh co-obrachaidhean/co-bhanntachdan ùra a chuireas ri mothachas agus cleachdadh na Gàidhlig anns na tachartasan againn
- A bhith a' dèanamh lèirmheas air toraidhean na dreuchd agus a bhith a' coilionadh feumalachdan a' mhaoineachaidh leithid aithrisean
- A bhith ag obrachadh le luchd-obrach eile ann a bhith a' cur air dòigh tachartasan togail maoinachaidh a chuireas ri seasmhachd phròiseactan san ùine fhada

| | |
|---|---|
| <p>Additional desirable experience: Experience with use of digital audio recording</p> <p>Experience in historical collection management – handling, cataloguing, data storage</p> | <p>Eòlas eile: Eòlas air clàradh fuaim gu didseatach</p> <p>Eòlas air riaghladh cruinneachaidhean eachdraidheil – làimhsicheadh, clàradh, stòradh dàta</p> |
| <p>To apply, please send a CV and cover letter to trustees@therockfieldcentre.org.uk.</p> <p>The closing date for applications is 01/09/2025 with interviews to be held 08/09/2025.</p> | <p>Gus cur a-steach airson na h-obrach seo, nach cuir sibh CV agus litir-aghaidh gu trustees@therockfieldcentre.org.uk.</p> <p>'S e 01/09/2025 an ceann-là dùnaidh ro iarrtasan, le agallamhan gu bhith air an cumail air 08/09/2025.</p> |